

Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

PLANA GÀIDHLIG

2020 - 2025

Chaidh am plana seo ullachadh fo Earrann 3 de
dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh gabhail ris le
Bòrd na Gàidhlig air 21mh Giblean 2020.

FACAL-TOISICH

Tha Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a' cur dleastanas air buidhnean poblach air feadh Alba gus Plana Gàidhlig a leasachadh, a' mìneachadh mar a bhrosnaicheas iad agus mar a chleachdas iad Gàidhlig air feadh na sgìre gus dèanamh cinnteach gum bi::

- Àrdachadh ann an cleachdadh na Gàidhlig
- Àrdachadh ann an ionnsachadh na Gàidhlig
- Brosnachadh air ìomhaigh dheimhinneach airson na Gàidhlig

Ann a bhith a' cruthachadh a' Phlana Ghàidhlig seo tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' sealltainn an dealasachd gus dèanamh cinnteach gu bheil amasan agus prionnsapalan na h-achd air an nochdadh. Tha am plana co-rèireach agus a' toirt aithne dhan t-suidheachadh eaconamach agus a' comharrachadh prìomh raointean a bhios air an leasachadh thar beatha 5 bliadhna a' Phlana.

Tro bheatha a' phlana seo a mhaireas bho 2020 - 2025, bheir Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar obair air adhart gus taic ghnìomhach a chur ri amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus ri amasan Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016..

Cuiridh a' Chomhairle Gàidhlig anns na soidhnichean aice airson Togalaichean Comhairle ùra a bharrachd air soidhnichean slighe dà-chànanach a-steach dhan Ùghdarras. Tha co-ionannachd spèis agus in-ghabhaltas deatamach dhan phlana seo agus bidh taic air a chur ris le bhith a' cruthachadh cruinneachaidhean Gàidhlig ann an gach leabharlann poblach agus ann an leabharlannan gluasadach. Bidh cothroman do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus do luchd-labhairt na Gàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar air an sanasachd air bùird fiosrachaidh poblach.

Tha ionnsachadh airson gach aois cuideachd a' nochdadh sa Phlana. Cumaidh Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air taic a chumail ri ruigsinneachd airson clasaichean do dh'inbhich agus airson ionnsachadh teaghaich aig ìre coimhearsnachd. Tha Gàidhlig (GLPS) air a stèidheachadh ann an dà bhun-sgoil agus cuiridh Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar taic ri barrachd leasachaidh agus aig an aon àm brosnachadh barrachd bhun-sgoiltean gus gabhail ris a' Ghàidhlig mar thè de na Cànanan 1 + 2 aca. Bidh goireasan ionnsachaidh ùra air an leasachadh airson sgoilearan bun-sgoile, a' dèanamh ceangal eadar cànan agus cultar ris a' Churraicealam airson Sàr-mhathais.

Comharraichidh leabharlannan poblach na Comhairle cànan agus cultar na Gàidhlig agus brosnachadh ruigsinneachd air-loidhne gu goireasan, gnìomhan agus tachartasan Gàidhlig. Tha sinn a' creidsinn gun dèan na gnìomhan a tha air an comharrachadh anns a' Phlana Gàidhlig seo cinnteach gum bi Gàidhlig air a brosnachadh do Chomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar anns an fharsaingeachd agus gun stèidhich e deagh mhodhan-obrach air am faodar togail san àm ri teachd..

Tha lèirsinn Chomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' gabhail ri faclan Suaicheantas an Ùghdarrais – **'Neart Tro Choimhearsnachd'**.

Joyce White
Àrd Oifigear
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

Jonathan McColl
Ceannard na Comhairle
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

Clàr-innse

Geàrr-chunntas

Caibideil 1 Ro-ràdh

- Cunntas air an ùghdarras phoblach
- Gàidhlig ann an raon obrach an ùghdarras
- Fios bhon cho-chonaltradh
- Aontachadh a' Phlana Gàidhlig againn

Caibideil 2 Prìomh Dhealasan

- Dearbh-aithne
- Conaltradhean
- Foillsichidhean
- Luchd-obrach

Caibideil 3 Buaidh Poileasaidh airson na Gàidhlig:

A' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

- Togail Cànan
- Cleachdadh Cànan
- Inbhe Cànan
- Corpas Cànan

Caibideil 4 Cur an Gnìomh agus Measadh

Cuir Fios

Geàrr-chunntas

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh gu bheil Gàidhlig na pàirt dheatamach de dhualchas, dhearbh-aithne nàiseanta agus de bheatha chultarail na h-Alba. Tha a' Chomhairle dealasach a thaobh nan amasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus tha e air na structaran agus iomairtean riatanach a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil seasmhachd san àm ri teachd aig Gàidhlig ann an Alba. A rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig, tha Plana Gàidhlig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' brosnachadh dhaoine gu bhith a' cleachdadh Gàidhlig nas trice. A bharrachd air an sin, nì a' Chomhairle cinnteach gu bheil cothroman ann do dhaoine gus Gàidhlig ionnsachadh.

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh gu bheil suidheachadh na Gàidhlig air leth cugallach agus ma tha Gàidhlig gu bhith air a h-ath-bheòthachadh mar chànan bheò ann an Alba, gum bi feum air oidhirp mhòr bhon riaghaltas, bhon phoball agus bho roinnean prìobhaideach, bho bhuidhnean coimhearsnachd agus bho luchd-labhairt fa-leth gus:

- **Inbhe na Gàidhlig àrdachadh;**
- **Togail agus ionnsachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh;**
- **Barrachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh.**

Tha an sgrìobhainn seo air Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ullachadh taobh a-staigh frèam-obrach Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig ann an gnìomhan ar fuincseanan, mar a chuireas sinn air chomas cleachdadh na Gàidhlig nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball agus ri prìomh chom-pàirtichean, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn Gàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ullachadh a rèir slatan-tomhais reachdail a tha air an cur an cèill ann an Achd 2005, agus a' toirt aire do Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus an Stiùireadh air Leasachadh Planaichean Gàidhlig.

Structar Plana na Gàidhlig

'S iad na prìomh fheartan dhen Phlana Ghàidhlig againn:

Caibideil 1 – Ro-ràdh

Tha a' chaibideil seo a' toirt cùl-fhiosrachadh agus co-theacsa ullachadh Phlanaichean Gàidhlig fo Achd 2005 agus air structar prìomh raointean dleastanais Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Tha e cuideachd a' toirt geàrr-chunntas air deamografaidh na Gàidhlig.

Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a chleachdas agus mar a bhrosnaicheas Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar cleachdadh na Gàidhlig an cois nam prìomh gnìomhan againn. Tha e a' gabhail a-steach prìomh raointean gnìomh leithid dearbh-aithne corporra, soidhnichean, conaltradh leis an t-sluagh agus cleachdadh na Gàidhlig air an làrach-lìn againn. Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill na h-ìre dealas libhrigidh de sholar Gàidhlig ann am beatha a' Phlana seo.

Caibideil 3 – Buidhean Poileasaidh don Ghàidhlig: A' Cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh

Tha a' chaibideil seo a' cur an cèill mar a chuidicheas Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar ann a bhith a' cur Plana Nàiseanta na Gàidhlig an gnìomh. Tha e cuideachd a' sealltainn mar a tha sinn am beachd cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh ann am planadh seirbheis agus libhrigeadh, gu sònraichte ann an raointean poileasaidh, leithid foghlam agus seirbheisean cultarach.

Caibideil 4 – Cur an Gnìomh agus Measadh

Tha a' chaibideil seo a' mìneachadh mar a bhios cur an gnìomh a' Phlana Gàidhlig air a thoirt air adhart, agus mar a bhios cur an gnìomh agus builean air am measadh.

CAIBIDEIL 1 – RO-RÀDH

A' Suidheachadh Co-theacsa airson Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig

Achd na Gàidhlig (2005) agus cur an sàs aithneachadh:

Chaidh Achd na Gàidhlig (2005) a chur tro Phàrlamaid na h-Alba le amas a bhith a' coileanadh inbhe thèarainte dhan Ghàidhlig mar chànan oifigeil ann an Alba le co-ionannachd spèis ris a' Bheurla.

B' e fear dhe na prìomh fheartan de Achd 2005 ach gum biodh e a' cumhachdachadh Bòrd na Gàidhlig gus a chur mar dhleastanas air buidhnean poblach gus Planaichean Gàidhlig ullachadh. Bha an solar seo air a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil pàirt aig an roinn phoblaich ann an Alba ann a bhith a' cruthachadh seasmhachd don Ghàidhlig anns an àm ri teachd le bhith ag àrdachadh a h-inbhe agus a h-ìomhaigh agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach airson a cleachdadh.

Tha Achd 2005 a' cur mar dhleastanas air buidhnean poblach gus ullachadh am Plana Gàidhlig a chur fa chomhair bhuidhnean aig am biodh ùidh ann. Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air co-chonaltradh farsaing a dhèanamh air dreachd a' Phlana Gàidhlig aca eadar An Gearran agus Am Màrt 2019, agus tha e air beachdachadh air riochdachaidhean a chaidh a dhèanamh riutha rè a' phròiseas co-chonaltraidh.

Ann a bhith a' leasachadh a' phlana seo, chaidh co-chonaltradh a chumail le Ceannardan Roinnleachdail bho gach roinn taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Bha co-chonaltradh poblach air-loidhne air a chumail dhen dreachd dhen phlana tro na meadhanan sòisealta agus air làrach-lìn Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Chuir Bòrd na Gàidhlig cuideachd ris a' cho-chonaltradh le bhith a' co-roinn a' cho-chonaltraidh air gach làrach meadhanan sòisealta Gàidhlig. Chaidh dà choinneamh phoblach a chumail ann an leabharlannan anns an sgìre. 'S iad na leanas na toraidhean:

- lìon 44 an suirbhidh air-loidhne
- thuirt 13.6% dhen t-sluagh gun robh ùidh aca ann a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig
- Thuirt 9.09% dhen t-sluagh gun robh ùidh aca gun ionnsaicheadh a' chlann Gàidhlig
- Thuirt 34.91% dhen t-sluagh gum bruidhinn iad Gàidhlig no gu bheil beagan comais aca ann an Gàidhlig
- Dh'aontaich 64.29% dhen t-sluagh gun robh e cudromach gum brosnachadh CSDBal Gàidhlig
- Bha 56.82% dhen t-sluagh dhen bheachd gun gabhadh prìomh dhealasan Plana Gàidhlig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a choileanadh.

Aontachadh ri Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar:

Chaidh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a chur gu Bòrd na Gàidhlig airson a bhith air aontachadh anns an t-Sultain 2019.



Sealladh farsaing air gnìomhan Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar agus cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh ar raon gnìomha.

1. Sgìreachd Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

Tha Siorrachd Dhùn Breatann an Iar an Iar air Baile Ghlaschu air a chuirteachadh le Abhainn Chluaidh, Beanntan Chill Phàdraig agus Loch Laomainn, a' còmhachadh 98 mìle ceàrnagach. Le crìochan ri Earra Ghàidheal is Bòid, Siorrachd Dhùn Breatann an Ear, Roinn Friù agus Sruighlea, tha Ùghdarras Siorrachd Dhùn Breatann an Iar na àite cudromach airson leasachadh eaconomach agus àrainneachdail eadar Baile Ghlaschu agus Slighe na Gàidhealtachd tro Phàirc Nàiseanta Loch Laomainn. Am measg na tha ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar tha làraichean de bhòidhchead nàdarra agus dualchais le ceanglaichean còmhail math faisg air Glaschu agus a phort-adhair. Tha dualchas beartach air a chumadh le gàrraidhean iarainn air Chluaidh, a tha ainmeil aig ìre na cruinne, le iomadh rud do luchd-tadhail. Nam measg sin tha: An Crann Mòr (Titan Crane), Caisteal Dhùn Breatann ('s e Caisteal Dhùn Breatann prìomh-bhaile meadhan-aoiseil na sgìre), Creag Dhùn Breatann, Taighean-staile Uisge-beatha, Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Tròiseachan.

Le àireamh-sluaigh de 89,610 (Tuairmse bho 2017), tha Siorrachd Dhùn Breatann an Iar am measg nan Ùghdarrasan meadhan-ìre a thaobh àireamh-sluaigh agus meudachd. Tha Ùghdarras Siorrachd Dhùn Breatann an Iar na mheasgachadh de sgìrean bailteil agus coimhearsnachdan dùthchail le Bruach Chluaidh, Dùn Breatann agus Alexandria am measg nam prìomh bhailtean. Am measg nam bailtean agus nan clachain eile tha Dùn Tòchair, Seann Chill Phàdraig, Baile a' Mhuilinn, Bolan, Gart a' Chàirn agus Beallach.

Tha earrannan de bhochdainn sòisealta agus eaconomach ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar; tha 22% dhen t-sluagh ann am bochdainn teachd-a-steach (Alba 16%) 2017/18. Tha figearan agus àireamh sa cheud de luchd-còmhnaidh a tha gnìomhach aig aois obrach aig 76% (Alba 77.6%), Àireamhan Dàmh 2017 – Sult 2018. 'S e Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar fhathast am fastaiche as motha anns an sgìre.

2. Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air fear dhe na 32 ùghdarrasan ionadail ann an Alba. Tha farsaingeachd sheirbheisean an urra ris, nam measg sin tha foghlam, obair shòisealta, taigheadas, slàinte àrainneachdail, plànadh, leasachadh eaconomach, fastaidheachd agus taic ionmhais, rathaidean agus còmhail, ionadan coinneachaidh agus ionadan ioma-chùiseach stèidhte ann am Prìomh-oifisean na Comhairle, Bruach Chluaidh agus Alexandria. Tha fear dhe na Com-pàirteachasan Planadh Coimhearsnachd as stèidhichte aig Ùghdarras Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ann an Alba agus b' e fear dhe na ciad Ùghdarrasan gus Com-pàirteachas Slàinte agus Cùram Coimhearsmachd a stèidheachadh leis an NHS.

Tha 22 Comhairliche taghte, a' gabhail a-steach 6 ùardan ioma-bhall ann an Siorrachd Dhùn Breatann. 'S e a' Chomhairle am buidheann riaghlaidh airson cho-dhùnaidhean Siorrachd Dhùn Breatann an Iar agus 's e bun nan cumhachdan tiomnaichte gu Comataidhean ro-innleachdail.

Bha cosgais iomlan de £212.5m aig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ann an 2017/18, le 5,500 luchd-obrach.

3. Gàidhlig ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

Ann an Cunntas-sluaigh 2011, b' urrainn do 0.58% de shluagh Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a bha na bu shine na 3 bliadhna a dh'aois Gàidhlig a bhruidhinn. Bha eòlas aig 0.98% den t-sluagh air cànan na Gàidhlig agus b' urrainn do 0.31% den t-sluagh Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh agus a sgrìobhadh. Mar sin, tha Siorrachd Dhùn Breatann an Iar anns an trian an ìsle gu nàiseanta, a thaobh àireamh dhaoine le sgilean Gàidhlig. Ach, tha iomadh ro-innleachd an sàs aig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann gus leasachadh agus leudachadh a thoirt air coimhearsnachd luchd-labhairt na Gàidhlig.

Tha an clàr gu h-ìseal a' sealltainn na nochd ann an Cunntas-sluaigh 2011.

Eòlas air Gàidhlig ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar*	
Gach neach, aois 3+	87,590
A' tuigsinn Gàidhlig labhairteach ach gun chomas labhairt, leughadh no sgrìobhadh Aois 3+	289
A' bruidhinn, a' leughadh agus a' sgrìobhadh Gàidhlig aois 3+	275
A' bruidhinn ach gun chomas leughadh no sgrìobhadh ann an Gàidhlig, aois 3+	190
A' bruidhinn agus a' leughadh ach gun chomas sgrìobhadh ann an Gàidhlig, aois 3 +	45
A' leughadh agus gun chomas labhairt no sgrìobhadh ann an Gàidhlig, aois 3+	41
Measgachadh eile de na sgilean ann an Gàidhlig, aois 3+	23
Gun eòlas sam bith air Gàidhlig, aois 3+	86,727
Gàidhlig air a cleachdadh aig an dachaigh, aois 3+	110

*Cunntas-sluaigh 2011, air a thoirt le Clàradair Coitcheann na h-Alba

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh na Gàidhlig mar cho-ionnan ri Beurla. Gus cothroman a bharrachd a thoirt agus àrdachadh a thoirt air àireamhan luchd-labhairt na Gàidhlig, ann an com-pàirteachas ri Bòrd na Gàidhlig, tha Oifigear Leasachaidh Gàidhlig agus Tidsair Gàidhlig air a bhith air am fastadh. Cuideachd, tha teagasg na Gàidhlig air-loidhne ri fhaighinn do luchd-obrach Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ann an com-pàirteachas le e-Sgoil. Tha mòran chothroman ann do luchd-còmhnaidh Siorrachd Dhùn Breatann an Iar agus nam measg sin tha Bookbug Gàidhlig, GLPS, Gàidhlig aig ceann shuas na sgoile agus Duais Cultarail Crann na h-Alba, clasaichean Gàidhlig agus eòlasan cultarach air an cur air dòigh le Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar.

Eòlas air Gàidhlig aig Luchd-obrach Siorrachd Dhùn Breatann an Iar	
Àireamh de luchd-obrach le Gàidhlig taobh a-staigh an Ùghdarrais	6*
Àireamh de luchd-obrach a tha nan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig	10*
Àireamh luchd-obrach a tha air nochdadh gu bheil ùidh aca a bhith ag ionnsachadh	2*
Àireamh de luchd-obrach as urrainn labhairt, leughadh agus sgrìobhadh ann an Gàidhlig	6*

* Chan eil àireamhan ceart rim faighinn aig an àm seo

Anns a' chiad bhliadhna de Phlana Gàidhlig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, bidh sgrùdadh thar an ùghdarrais air a dhèanamh gus dearbhadh dè na figearan ceart a th' ann a thaobh luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.

4. Leasachadh na Gàidhlig ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar

'S e Seirbheisean Foghlaim am prìomh sholaraiche de Leasachadh Gàidhlig ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Tha Gàidhlig anns a' Bhunsgoil (GLPS) air a bhith air a theagasg ann am Bunsgoil Edinbarnett airson iomadh bliadhna. 'S e sgoil neo-chreidmheach ann am Faifley, Bruach Chluaidh, a th' innte agus tha 246 sgoilear anns an sgoil. Tha Bunsgoil Edinbarnet air a suidheachadh am broinn seann togalach àrd-sgoile agus tha goireasan foghlam bunsgoile ann, le Leabharlann Faifley an sin, le leabhraichean agus meadhanan Gàidhlig ri fhaighinn innte bho 2014.

Chaidh ionnsachadh na Gàidhlig taobh a-staigh Bunsgoil Edinbarnett a stèidheachadh an toiseach mar phàirt 3 bliadhna agus thathar air leantainn air a mhaoineachadh air sgàth a shoirbheachais. Aig an àm seo, tha dithis luchd-obrach ann am Bunsgoil Edinbarnet a bhios a' teagasg Gàidhlig taobh a-staigh na sgoile. Tha an deagh chleachdadh sin air a bhith air a thoirt gu Bunsgoil Gavinburn cuideachd. Tha goireas Stòrlann agus Bòrd na Gàidhlig, 'GO GAELIC!' air a chleachdadh an-dràsta leis an luchd-obrach bunsgoile againn a tha air an trèanadh ann an GLPS.

Tha cruinneachaidhean de leabhraichean agus meadhanan Gàidhlig air a bhith ann an leabharlannan poblach bho 2014. Tha an fharsaingeachd de leabhraichean Gàidhlig a' sìor leudachadh agus tha iad air an taisbeanadh gu follaiseach gus co-ionannachd spèis a nochdadh. Chaidh seiseanan Bookbug Gàidhlig a stèidheachadh ann an Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ann an 2017. Tha an ùidh agus na h-àireamhan clàraichte ann am Bookbug Gàidhlig air àrdachadh ann an gach bloc de sheiseanan. Tha fiosrachadh air cothroman ionnsachaidh cànan agus cultar na Gàidhlig air an taisbeanadh air feadh nan leabharlannan poblach.

Cumar air soidhnichean Gàidhlig a chur ann an togalaichean ùraichte na comhairle, air soidhnichean rathaid air an A82 air an t-slighe a-steach gu Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, a' toirt suidheachadh cudromach an dà chuid do luchd-turais agus dhan choimhearsnachd.

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann a' cur taic ri Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig agus aig an àm seo thathar a' toirt maoinachadh còmhhdail air 18 sgoilearan gus a dhol gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. A rèir Achd na Gàidhlig (2005) agus Achd (Alba) an Fhoghlaim 2016, tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' brosnachadh agus a' cur taic ri solar ionnsachadh na Gàidhlig a tha ri fhaighinn aig an àm seo. Tha fiosrachadh mionaideach air

còraichean phàrantan gus FtMG iarraidh air an làrach-lìn oifigeil le ceanglaichean soilleir ris a' phròiseas measaidh:

<https://www.west-dunbarton.gov.uk/schools-and-learning/schools/gaelic-education>

'S e buidheann coimhearsnachd a tha ann am Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar agus bidh iad a' ruith chlasaichean Gàidhlig agus teagasg innealan-ciùil gach seachdain ann an Ionad Concorde Dhùn Breatann. Bidh an Fhèis a' co-òrdanachadh thachartasan cultarail Gàidhlig agus bidh iad a' faighinn taic bho Chomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar gus an amasan a choileanadh. Tha am buidheann seo na mhaoin luachmhor dhan Ghàidhlig taobh a-staigh an Ùghdarrais agus bidh e a' faighinn taic ionmhasail.

Sgilean Cànain taobh a-staigh an Ùghdarrais Phoblaich:

Aig an àm seo, tha còig dreuchdan far a bheil Gàidhlig air a comharrachadh na dleastanas aithnichte:

- Oigigear Leasachaidh Gàidhlig
- Neach-teagaisg Gàidhlig
- Neach-obrach seiseanail Bookbug na Gàidhlig
- Neach-obrach seiseanail Pàrant is Pàiste
- Neach-obrach seiseanail Peant agus Patter

Taobh a-staigh a' chiad bhliadhna dhen Phlana Gàidhlig, nì Siorrachd Dhùn Breatann an Iar sgrùdadh luchd-obrach gus dearbhadh dè na sgilean cànain agus an ùidh a th' aig luchd-obrach ann a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Foghlam Tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh Siorrachd Dhùn Breatann an Iar:

Aig an àm seo, chan eil solar de dh'Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig taobh a-staigh Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Aig an àm seo tha iarrtasan airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig air an solarachadh le bhith a' toirt còmh-dhail gu Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu taobh a-staigh Comhairle Baile Ghlaschu. Bidh iarrtasan sam bith airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig air am measadh a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 agus Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig 2017. Gheibhear barrachd fiosrachaidh aig:

<https://www.west-dunbarton.gov.uk/schools-and-learning/schools/gaelic-education>

Ionnsachadh san Sgoil:

Tha dealas aig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar gus cumail le leasachaidhean Gàidhlig agus tha e ag aithneachadh gu bheil na tràth-bhliadhnaichean deatamach aig toiseach an turais seo. Ann an 2018, chaidh naoi leanabh deug gu seiseanan Bookbug na Gàidhlig. Tro cheanglaichean dlùth eadar pàrantan/luchd-cùraim agus Oifigear Gàidhlig an Ùghdarrais, thòisich seisean Pàrant is Pàiste ann am bliadhna acaideamaigeach 2019-20.

Tha eachdraidh fhada aig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a thaobh na Gàidhlig. Tro bheatha a' phlana Gàidhlig, bidh cànain agus cultar na Gàidhlig air a leabachadh anns a' churaicealam bho na Tràth-bhliadhnaichean gus foghlam aig na h-Àrd-irean sgoile. Tha seo a' brosnachadh gu coileanta nan sgilean eadar-ghluasadach an cois ionnsachadh cànain agus na cothroman gus a dhol an sàs ann an saoghal na h-obrach. Tha com-pàirteachas le

Comhairle Baile Ghlaschu air dèanamh cinnteach gu bheil òigridh air eòlas fhaighinn ann an suidheachaidhean Tràth-bhliadhnaichean tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha an t-iarrrtas airson ionnsachadh na Gàidhlig aig na h-Àrd-ìrean sgoile air àrdachadh gu mòr.

Tha Curaicealaim airson Sàr-mhathais ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar na stèidh airson leasachadh a thoirt air coileanadh, soirbheas agus cothroman beatha gach duine cloinne agus òigridh. Ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, tha ìrean coileanaidh foghlaim a' sìor leasachadh aig ìre chunbhalach, agus tha cuideachd cinn-uidhe deimhinneach.

Gus cumail a' dol le aire na Gàidhlig a bhrosnachadh ann an sgoiltean an Ùghdarrais, tha Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar am beachd àrdachadh a thoirt air cothroman seinn agus ionnsachadh ceòl na Gàidhlig a bhrosnachadh. Tha Bunsgoil Gavinburn a' leasachadh Còisir Gàidhlig agus obraichidh Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar le cloinn agus leis an tidsear gus com-pàirt ann am Mòd ionadail Ghlaschu gach bliadhna a bhrosnachadh.

Thathar a' leasachadh goireas air-loidhne aig an àm seo le Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig an Ùghdarras agus tha e ri fhaighinn do luchd-obrach an ùghdarras gu lèir tro Google Classrooms. Bidh an goireas seo air a cho-roinn tro GLAN. Tha abairtean làitheil feumail, cuspairean iomchaidh gus Gàidhlig a bhrosnachadh air a' ghoireas air-loidhne seo. Bidh seo air a dhèanamh poblach tro làraichean air-loidhne an Ùghdarras tro bheatha a' phlana.

Ionnsachadh sa Choimhearsnachd:

Ceanglaichean eadar-ghinealachail gu bhith air an leasachadh tro Là Spòr bliadhnail a bheir Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar, Còisir Ghàidhlig Gavinburn agus Spòrs Gàidhlig còmhla, a' taisbeanadh cànan agus cultar na Gàidhlig aig an Fhèis Leabhraichean Bhliadhnail. Gheibh buidhnean Gàidhlig eile cuireadh gus pàirt a ghabhail ann. 'S iad na leanas na clasaichean aig Fèis Dhùn Bhreatainn:

Ceòl - làn
Gàidhlig do luchd-ionnsachaidh - 6
Gàidhlig aig ìre adhartach – làn
Seinn na Gàidhlig – làn (a' taisbeanadh bho àm gu àm)

** Àireamhan ceart Màrt 2018 (10-12 na h-àireamhan as àirde anns na clasaichean)*

Gàidhlig sa Choimhearsnachd:

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh agus a' tòirt spèis dhan Ghàidhlig mar chànan shònraichte am measg nan cànanan coimhearsnachd. Bidh seirbheisean eadar-mhìneachaidh agus eadar-theangachaidh rim faighinn nuair a dh'iarrar iad agus gheibhear fiosrachadh air mar a dh'iarrar iad aig cùl sgrìobhainnean poileasaidh CSDBal. Bidh seirbheisean eadar-theangachaidh na Gàidhlig air an cur air adhart air làraichean-lìn oifigeil CSDBal.

Gàidhlig sa Choimhearsnachd

Seirbheisean Leabharlainn –

Bidh Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' brosnachadh Gàidhlig do dhaoine aig gach aois. Aig an àm seo, tha seiseanan Bookbug na Gàidhlig ann an Leabharlann Dàil Moire agus tha àireamhan matha ga fhrithealadh agus tha iad a' sìor fhàs. Bidh Oifigear Leasachaidh na

Gàidhlig aig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar agus tidsear Gàidhlig a' tadhal gu cunbhalach gus conaltradh ri pàrantan agus cloinn agus gus slighean gus Gàidhlig ionnsachaidh a bhrosnachadh.

Tha Leabharlannan Siorrachd Dhùn Breatann an Iar soirbheachail ann a bhith a' toirt ghoireasan stèidhte sa choimhearsnachd agus tha leabhraichean Gàidhlig air an taisbeanadh gu follaiseach. Tha Bookbug na Gàidhlig air a bhith air a stèidheachadh gu soirbheachail ann an Leabharlann Dhàil Moire le amas gum bithear a' leudachadh na seirbheis seo gu Leabharlannan eile.

Thathar air postairean a tha a' toirt fiosrachadh air Seirbheisean Gàidhlig air a bhith air an cur suas air bùird-fiosrachaidh ann an Leabharlannan le cothroman Gàidhlig ionnsachadh do gach aois. Bidh brosnachadh air FtMG agus stiùiridhean measaidh air an taisbeanadh ann an gach Leabharlann CSDBal.

Thathar an dùil, tro bheatha a' phlana seo, gus leasachadh a thoirt air cothroman cultar agus dualchas na Gàidhlig. Nam measg sin tha:

- Là Gàidhlig gach Bliadhna
- Mòd Ionadail Ghlaschu gach Bliadhna
- Pàrant is Pàiste
- Leasachadh a bharrachd air com-pàirteachas le Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar

Luchd-obrach –

Tha Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig aig CSDBal air a bhith san dreuchd bho 2016.

Chaidh leudachadh a thoirt air solar na Gàidhlig ann an 2018 le fastadh neach-teagaisg le Gàidhlig. Nì na fastaidhean seo cinnteach gum bi Gàidhlig a' fàs ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar.

Tha cothroman ionnsachaidh Gàidhlig fosgailte dhan h-uile gin de luchd-obrach Shiorrachd Dhùn Breatann an Iar tro sheiseanan Leasachadh Proifeiseanta ann an com-pàirteachas le e-Sgoil. Cuideachd, tha cothrom air a thoirt do luchd-obrach gu lèir ann an Siorrachd Dhùn Breatann an Iar gus a dhol gu trèanadh GLPS. A' leantainn air an t-soirbheachas seo, tha aon tidsear air leantainn oirre ag ionnsachadh Gàidhlig le bhith a' tòiseachadh An Cùrsa Inntigidh ann an com-pàirteachas le Sabhal Mòr Ostaig.

Seirbheisean nan Sìobhaltach –

Bidh Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' libhrigeadh ìrean àrda càileachd de sheirbheisean luchd-cleachdaidh agus tha dealas ann Gàidhlig a leasachadh mar phàirt dhe seo. Tha luach air a chur air gach beachd agus gearain agus tha am fiosrachadh air a chleachdadh gus leasachadh a thoirt air na seirbheisean againn. Bidh beachd no gearain sam bith a gheibhear tron Ghàidhlig air a fhreagairt ann an Gàidhlig.

Gàidhlig agus Prìomh Chom-pàirtichean –

Nì Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar cinnteach gum bi goireasan a tha ann cheana air an cleachdadh gu h-iomlan gus cànan agus cultar na Gàidhlig a leasachadh. Am measg nam prìomh chom-pàirtichean aig an Ùghdarras, tha:

- Com-pàirteachas Plànadh Coimhearsnachd CSDBal
- Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar
- Comhairle Baile Ghlaschu
- Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Ear
- NHS
- Poileas Alba
- Seirbheis Smàlaidh agus Teasairginn na h-Alba
- Colaiste Taobh an Iar na h-Alba
- Visit Scotland
- Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn & nan Tròsaichean/

CAIBIDEIL 2 – PRÌOMH DHEALASAN

Ann an Stiùireadh Reachdail air Leasachadh Phlanaichean Gàidhlig, tha Bord na Gàidhlig a' toirt fa-near gu bheil a bhith a' cruthachadh na h-àrainneachd cheart airson cleachdadh na Gàidhlig ann am beatha poblach air fear dhe na prìomh phàirtean de dh'ath-bheòthachadh cànan. Tha am Bòrd air ceithir prìomh raointean libhrigeadh seirbheis a tha e ag iarraidh air buidhnean poblach dèiligeadh leis nuair a tha iad ag ullachadh Phlanaichean Gàidhlig :-

Dearbh-aithne	Conaltraidhean	Foillseachaidhean	Luchd-obrach
Dearbh-aithne Corporra	Fàilteachas Fòn Postachd agus Post-d Foirmichean Coinneamhan Poblach Gearainnean Modhan	Dàimhean Poblach agus Meadhanan Stuthan Clò-bhuailte Làraichean-lìn Taisbeanaidhean	Trèanadh Ionnsachadh cànan Fastachd Sanasachd

Dèiligidh an earrainn seo dhen phlana ri prìomh dhealasan Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a thaobh “Stiùireadh air Leasachadh Planaichean Gàidhlig” a' Bhùird, 'S iad na leanas na prìomh-dhealasan:

1. Fiosrachadh air cleachdadh aig an àm seo
2. Prìomh raointean leasachaidh
3. Targaidean
4. Clàr-ama
5. Prìomh Oifigear

Tha na dealasan seo uile stèidhte air prìonnsapalan de cho-ionannachd spèis agus tabhartas gnìomhach. Cho math ri sin, tha am plana a' mìneachadh mar a tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag amas air taic a chur ri cur an gnìomh Amasan Ro-innleachdail Riaghaltas na h-Alba;

1. **Nas bea Nas beairtiche & nas cothromaiche**

Leigeil le gnìomhachasan agus daoine am beairteas àrdachadh agus barrachd dhaoine a roinn gu cothromach anns a' bheirteas sin.

2. **Nas glìce**

Leudaich cothroman do dh'Albannaich soirbheachadh bho bhith air an àrach gu ionnsachadh fad beatha a' dèanamh cinnteach à coileanaidhean nas àirde agus nas fharsainghe.

3. **Nas fhallaine**

Cuidich daoine gus an slàinte a chumail suas agus a leasachadh, gu sònraichte ann an daoine a tha bho coimhearsnachdan le ana-cothroman, a' dèanamh cinnteach gum bi cothrom nas fheàrr, nas luaithe air cùram slàinte agus aig ìre ionadail.

4. **Nas sàbhailte & nas làidire**

Cuidich coimhearsnachdan ionadail gus soirbheachadh, a' fàs nas làidire agus nas sàbhailte airson a bhith a' fuireach, a' toirt chothroman nas fheàrr agus càileachd beatha nas fheàrr.

5. Nas uaine

Leasaich àrainneachd nàdarrach agus thogte na h-Alba agus leasaich cleachdadh seasmhach agus tlachd às.

Earrann 1 – Dearbh-aithne

Adhbhar:

Tha suidheachadh na Gàidhlig air dearbh-aithne corporra agus soidhnichean ùghdarras ionadail a’ cur gu mòr ri faicsinneachd a’ chànan, ag àrdachadh inbhe agus a’ toirt aithris chudromach air an luach a thathar a’ toirt dhan Ghàidhlig agus mar a tha aithne air a thoirt dhi. Faodaidh a bhith a’ leasachadh na Gàidhlig tro shoidhnichean cuideachd a bhith a’ cur ri beairteas briathrachais luchd-cleachdaidh na Gàidhlig, a bhith a’ togail aire an t-sluaigh mun chànan agus a bhith a’ cur ri a leasachadh.

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh cho cudromach ’s a tha faicsinneachd na Gàidhlig agus a bhith ag àrdachadh a h-inbhe.

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairan	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Dearbh-aithne Corporra:					
Cleachdadh gnàthach	A thaobh cleachdadh aig an àm seo, chan eil poileasaidh aontaichte aig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air cleachdadh na Gàidhlig anns an dearbh-aithne corporra aige.				
Prìomh raointean leasachaidh	Leasaichidh CSDBal poileasaidh airson in-ghabhaltachd na Gàidhlig ann an dearbh-aithne corporra a sheallas co-ionannachd spèis dhan Ghàidhlig agus dhan Bheurla agus air stèidh ùrachaidh.	Sgrìobhainn poileasaidh air aontachadh leis a’ Chomhairle.	Bidh sgrìobhainn a’ phoileasaidh aontaichte ri fhaighinn anns an raon phoblaich.	Foghlam	2025
	Tairgidh CSDBal agus cuirear an sas Gàidhlig ann an fo-fhiosan air puist-dealain gu dèanamh cinnteach gu bheil co-ionannachd spèis ann eadar Gàidhlig agus Beurla.	Bidh teampalaidhean post-d air an cruthachadh le fo-fhiosrachadh ann an Gàidhlig	Gaelic strapline in use. Fo-fhosrachadh Gàidhlig ann an cleachdadh	Foghlam	2021
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear		Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas sàbhailte & Nas làidire Nas Uaine			

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Soidhnichean (A-staigh agus a-muigh)					
Cleachdadh gnàthach	Tha Siorrachd Dhùn Breatann an lar a' toirt soidhnichean dà-chànanach taobh a-staigh an Ùghdarrais.				
Prìomh raointean leasachaidh	Mar phàirt de phrògram ùrachaidh, nì CSDBal cinnteach gum bi soidhnichean dà-chànanach ann an sgoiltean ùra, ionadan spòrs agus Togalaichean CHCP. Bidh co-ionannachd spèis air a thoirt do Ghàidhlig agus Beurla.	Sgrìobhainn poileasaidh air aontachadh leis a' Chomhairle.	Bidh sgrìobhainn a' phoileasaidh aontaichte ri fhaighinn anns an raon phoblaich.	REG	A' leantainn
	Cumaidh CSDBal air prògram ùrachadh shoidhnichean aig gach togalach na comhairle agus ainmean shràidean far a bheil Gàidhlig ga teagasg	Gus crìoch a chur air prògram ùrachadh shoidhnichean	Soidhnichean Gàidhlig ann an gach togalach na Comhairle. Soidhnichean sràide Gàidhlig an sàs.	REG	2025
	Nì CSDBal cinnteach gu bheil soidhnichean rathaid slighe a-steach gu Siorrachd Dhùn Breatann a' sealltainn co-ionannachd spèis do Ghàidhlig agus Beurla, air stèidh ùrachaidh.	Gus soidhnichean dà-chànanach a chur suas.	Soidhnichean rathaid an sàs.	REG	2020

	A rèir prògram ùrachadh shoidhnichean bidh soidhnichean fàilte taobh a-staigh thogalaichean foghlaim, leabharlannan agus prìomh oifisean na Comhairle air an atharrachadh gus dèanamh cinnteach gum bi co-ionannachd spèis ann don Ghàidhlig agus don Bheurla.	Gus crìoch a chur air prògram ùrachadh shoidhnichean.	Soidhnichean Gàidhlig air an suidheachadh ann an gach togalach na Comhairle. Soidhnichean sràide Gàidhlig air an suidheachadh ann an gach àite far a bheil Gàidhlig air a teagasg.	REG	2023
Taic air a chur ri Amasan Ro-innleachdail Buntainneach		Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas uaine	Nas glìce	Nas sàbhailte & Nas làidire	

Earrann 2 – Conaltraidhean

Adhbhar:

Tha cleachdadh na Gàidhlig aig an fhìor thoiseach an uair a tha buill an t-sluaigh a' conaltradh le ùghdarras poblach ag àrdachadh faicsinneachd agus suidheachadh èisteachd a' chànain, agus a' cur ris a' bheachd gu bheil e comasach a' Ghàidhlig a chleachdadh agus gu bheil fàilte air cuideachd. Cho math ri bhith ag àrdachadh inbhe a' chànain, tha e cuideachd a' cruthachadh chothroman airson a cleachdadh gu practaigeach agus tha e a' brosnachadh an t-sluaigh gus a cleachdadh ann an dèiligidhean eile a bhiodh aca leis an ùghdarras phoblach.

Tha a bhith a' faighinn Gàidhlig air farsaingeachd do dh'fhoirmichean dà-chànanaich agus foirmichean Gàidhlig a-mhàin cuideachd a' cur gu mòr ri faicsinneachd agus luach a' chànain. Faodaidh ullachadh dhreachan Gàidhlig dhe na foirmichean, foirmichean-tagraidh agus sgrìobhainnean dhe leithid leudachadh a thoirt air farsaingeachd briathrachas na Gàidhlig agus aire a' bhriathrachais sin a thogail, a' cuideachadh leasachadh a' chànain fhèin.

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' cruthachadh chothroman airson cleachdadh practaigeach na Gàidhlig ann am farsaingeachd de shuidheachaidhean làitheil agus tha dealas ann a bhith ag àrdachadh solar anns an raon seo..

Leasachadh Fuinsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanair	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Fàilteachas:					
Cleachdadh gnàthach	Bidh Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a' cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh Àiteachan Fàilteachais.				
Fàilteachais Prìomh Raointean Leasachaidh	Cuiridh CSDBal postairean Fiosrachadh Gàidhlig air gach bòrd-fiosrachaidh na Comhairle a tha a' toirt cothroman ionnsachadh cànan agus cultar na Gàidhlig.	Gus dèanamh cinnteach gu bheil postairean brosnachaidh air an taisbeanadh air gach Bòrd-	Postairean Gàidhlig air an taisbeanadh agus fiosrachadh air a thoirt dhan t-sluagh. Àrdachadh ann an àireamhan luchd-	CCC	2020

		fiosrachaidh.	ionnsachaidh taobh a-staigh Ùghdarras CSDBal.		
	FtMG air a bhrosnachadh agus Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig air a thaisbeanadh air làrach-lìn oifigeil CSDBal. Sgrìobhainnean pàipear de Stiùireadh Reachdail air Foghlam Gàidhlig gu bhith air an toirt nuair a dh'iarrar iad.	Gus dèanamh cinnteach gu bheil fiosrachadh brosnachaidh air a thaisbeanadh gu h-èifeachdach	Postairean Gàidhlig air an taisbeanadh agus fios air a thoirt dhan phoball. Àrdachadh ann an àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras CSDBal.	CCC	2020
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear		Nas Beairtiche & Nas cothromaiche & Nas làidire	Nas glìce	Nas falainne	Nas sàbhailte

Leasachadh Fuinsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Fòn:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo chan eil conaltradh air fòn ann an Gàidhlig ri fhaighinn ann an Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bheir CSDBal seirbheis fàilteachaidh fèin-ghluasadach gus co-ionannachd spèis a shealtainn dhan Ghàidhlig 's dhan Bheurla.	Gus seirbheis fàilteachaidh Gàidhlig fèin-ghluasadach a chlàradh.	Seirbheis Gàidhlig fèin-ghluasadach ann an cleachdadh.	Foghlam	ro 2025
	Bidh conaltradh fòn Gàidhlig ri fhaighinn.	Gus brosnachadh a dhèanamh air duilleag meadhanan sòisealta CSDBal	Fiosrachadh a' phobaill gu bheil seirbheis Ghàidhlig ri fhaighinn.	Foghlam	A' leantainn

		gu bheil seirbheis Ghàidhlig ri faighinn.			
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Litrichean agus Post-d:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo le Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, tha Gàidhlig am measg nan cànanan le modhan eadar-dhealaichte, far am bi conaltradh air eadar-theangachadh nuair a dh'iarrar a leithid taobh a-staigh litir no post-d.				
Prìomh raointean leasachaidh	Nì CSDBal cinnteach gum bi tiotalan dhreuchdan agus fo-sgrìobhainnean post-d dà-chànanach ann do dhaoine le Gàidhlig anns an raon-obrach aca. Tha CSDBal a' toirt cothrom do dhaoine tiotalan obrach agus fo-sgrìobhainnean post-d a bhith aca ann an Gàidhlig agus ann am Beurla.	Co-ionannachd spèis gu bhith air a thoirt do Ghàidhlig agus do Bheurla ann an tiotalan dreuchda agus ann am fo-sgrìobhainnean post-d	Gàidhlig agus Beurla ann am fo-sgrìobhainnean post-d agus ann an tiotalan dreuchda.	Foghlam	2025
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Foirmichean:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo le Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, tha Gàidhlig am measg nan cànanan le modhan eadar-dhealaichte, far am bi foirmichean air an eadar-theangachadh nuair a dh'ìarrar a leithid.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bheir CSDBal eadar-theangachadh de phrìomh sgrìobhainnean	Co-ionannachd spèis gu bhith air a thoirt do Ghàidhlig agus do Bheurla.	Sgrìobhainnean air an toirt am follais air làrach-lìn oifigeil CSDBal.	Foghlam	A' leantainn
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic		Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine			

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Coinneamhan Poblach:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo le Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, chan eil a' Chomhairle a' toirt solar airson gach cànan aig Coinneamhan Poblach Gàidhlig ach far an tèid a leithid iarraidh, thèid solar a thoirt.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bheir CSDBal eadar-mhìnichear le Gàidhlig. Bidh fiosrachadh air seo air a mhìneachadh air làraichean meadhanan-sòisealta oifigeil CSDBal a bhios air an comharrachadh air làrach-lìn CSDBal.	Eadar-mhìnichear Gàidhlig ri fhaighinn.	Iarrtasan airson eadar-mhìnichear Gàidhlig air an coileanadh.	CCC	A' leantainn

	Bidh tachartasan cànan agus cultar na Gàidhlig air am brosnachadh gu buidhnean Gàidhlig a dh'aithnichear cho math ri coimhearsnachd CSDBal anns an fharsaingeachd.	Tachartasan cànan agus cultar na Gàidhlig nas fharsainge aig CSDBal.	Soirbheachas agus barrachd com-pàirt ann an tachartasan cànan agus cultar na Gàidhlig.	CCC	A' leantainn
	Brosnaichidh CSDBal tachartasan cànan agus cultar na Gàidhlig tro làraichean meadhanan sòisealta leithid Twitter agus Facebook agus tro mheadhanan Gàidhlig m.e. BBC Alba agus Radio nan Gàidheal.	Tachartasan cànan agus cultar na Gàidhlig nas fharsainge aig CSDBal.	Soirbheachas agus barrachd com-pàirt ann an tachartasan cànan agus cultar na Gàidhlig.	CCC	A' leantainn
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Modhan Gearain:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm bheir Siorrachd Dhùn Breatann an Iar an cothrom fios a chur agus freagairt fhaighinn ann an Gàidhlig.				
Key areas of development	Bidh gearainean sam bith a gheibhear ann an Gàidhlig air an clàradh gus fios a chur ris an Dleastanas Co-ionannachd Sònraichte againn – gus fiosrachadh a chruinneachadh agus gus dèanamh cinnteach gu	Bidh gach freagairt do ghearainnean ann an Gàidhlig air an dèanamh sa Ghàidhlig.	Àireamh fhreagairtean ri gearainean a rinneadh ann an Gàidhlig	CCC	2025

	<p>bheil solar seirbheis nas fheàrr air a toirt.</p> <p>Bheir fo-earrainn air làrach-lìn Gàidhlig CSDBal fios dhan phoball air mar a nì iad gearainn ann an Gàidhlig.</p>				
<p>Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic</p>	<p>Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine</p>				

Earrann 3 – Foillseachaidhean

Adhbhar:

Faodaidh cleachdadh na Gàidhlig ann am farsaingeachd de stuthan clò-bhuailte taic a chur ri leasachadh na Gàidhlig ann an iomadh dòigh. Tha e a' cuideachadh faicsinneachd a' chànain, tha e a' cur ri inbhe na Gàidhlig le a bhith ga cleachdadh ann am foillseachaidhean le inbhe àrd, agus faodaidh e cur ri agus leasachadh a thoirt air briathrachas a th' ann mu thràth. Tha cleachdadh na Gàidhlig anns na meadhanan a' sealltainn dealas ùghdarras ionadail airson a bhith a' toirt fiosrachadh tro mheadhan na Gàidhlig, cho math ri bhith ag àrdachadh faicsinneachd agus inbhe a' chànain. Mar a bhios barrachd dhaoine a' faighinn fiosrachadh mu ùghdarrasan poblach tro na làraichean-lìn aca, faodaidh a bhith a' toirt solar ann an Gàidhlig cur gu mòr ri inbhe agus faicsinneachd a' chànain.

Tha dealas aig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a thaobh a bhith ag àrdachadh cleachdadh na Gàidhlig anns na raointean sin far a bheil an cuspair as motha ùidh dhan t-sluagh san fharsaingeachd no a tha a' buntainn gu sònraichte ri cùisean Gàidhlig.

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Dàimhean Poblach agus Meadhanan:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo chan eil poileasaidh aig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air a bhith a' toirt fiosan naidheachd ann an Gàidhlig.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bheir CSDBal cothrom air inntrigeadh gu FtMG agus fiosrachadh cultarail tro bhith a' foillseachadh fiosrachadh air tachartasan Gàidhlig làithreach, a' gabhail a-steach: foghlam, na h-ealainean agus cultar, beatha coimhearsnachd agus Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar.	Stuthan foillsichte air an cur air làrach-lìn na Comhairle, eadra-lìon, Twitter agus bùird-fiosrachaidh leabharlannan ionadail.	Barrachd aithne agus ùidh ann an eòlasan cànan agus cultar na Gàidhlig.	Foghlam CCC	A' leantainn

	Foillsichidh CSDBal fiosrachadh mu Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a rèir Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.		Barrachd aithne agus ùidh ann an eòlasan cànan agus cultar na Gàidhlig.	Foghlam CCC	2021
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Stuthan Clò-bhuailte:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo chan eil poileasaidh aig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air foillseachadh stuthan clò-bhuailte ann an Gàidhlig.				
Prìomh raointean leasachaidh	Cumaidh CSDBal air eadar-theangachaidhean a thoirt de phrìomh sgrìobhainnean a bhios air am brosnachadh air làrach-lìn oifigeil Chomhairle Dhùn Breatann an Iar.	Eadar-theangachaidhean de phrìomh sgrìobhainnean gu bhith air an dèanamh.	Gach iarrtas air a choileanadh.	CCC	A' leantainn
	Brosnaichidh CSDBal ìomhaigh poblach adhartach a thaobh na Gàidhlig tro ìomairt brosnachaidh a bhios air a thaisbeanadh air na meadhanan sòisealta agus ann an togalaichean ìomchaidh sam bith eile leithid sgoiltean a tha a' toirt ionnsachadh tron Ghàidhlig, leabharlannan agus oifisean comhairle.	Barrachd aithne agus cleachdadh ann an cothroman a thaobh cànan agus cultar na Gàidhlig.	Àrdachadh anns na h-àireamhan de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig tron Ùghdarras gu lèir.	Foghlam CCC	A' leantainn

Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine
---	---

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Làraichean-lìn:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo chan eil poileasaidh aig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air a bhith a' foillseachadh fiosrachadh ann an Gàidhlig air an làrach-lìn aige.				
Prìomh raointean leasachaidh	Leasaichidh CSDBal stèidh meadhanan-sòisealta leithid Facebook no Twitter.	Bidh stèidhean meadhan-sòisealta Gàidhlig air an cruthachadh.	Fios air ais/luchd-leantainn bho Facebook/Twitter.	Foghlam	A' leantainn
	Bidh goireasan Gàidhlig eadra-lìon CSDBal air an roinn ann an raon phoblaich.	Bidh goireasan Gàidhlig air an cruthachadh agus air an co-roinn.	Goireasan Gàidhlig air an co-roinn air làrachean poblach CSDBal.	Foghlam	A' leantainn
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Taisbeanaidhean:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo chan eil poileasaidh aig Siorrachd Dhùn Breatann an lar air a bhith a' cur Gàidhlig anns na Taisbeanaidhean aige.				
Prìomh raointean leasachaidh	Thèid CSDBal an sàs le agus tairgear solar Gàidhlig taobh a-staigh ealainean agus cultar.	Bidh làbailean agus tuairmsean Gàidhlig rim faighinn ann an cuid de thaisbeanaidhean.	Tha barrachd Gàidhlig air a chleachdadh ann an Taisbeanaidhean.	Leabharlannan agus Seirbheisean Cultarail.	2025
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas sàbhailte & Nas làidire Nas uaine				

Earrann 4 – Luchd-obrach

Adhbhar:

Gus seirbheisean a lìbhrigeadh tro mheadhan na Gàidhlig, tha feum air na sgilean obrach deatamach agus sgilean luchd-obrach ann an Gàidhlig a leasachadh. Tha solar cothroman ionnsachaidh na Gàidhlig do luchd-obrach a' brosnachadh ionnsachadh inbheach agus a' brosnachadh Gàidhlig mar sgil fheumail anns an àite-obrach. Cuiridh a bhith a' sònrachadh dhreuchdan anns a bheil Gàidhlig air a chomharrahadh mar sgil gu mòr ri inbhe a' chàinain agus gu bhith ga h-aithneachadh mar sgil dheimhinneach airson a togail.

Tha cleachdadh na Gàidhlig ann an sanasachd cuideachd a' cuideachadh gus aithneachadh gum bu chòir Gàidhlig a chleachdadh ann am beatha phoblach agus gu bheil pàirt mhòr aig luchd-cleachdaidh na Gàidhlig ri chluich an taobh a-staigh ùghdarras poblach. Ge bith dè an ìre de sgilean Gàidhlig, tha e cudromach dha na h-ùghdarrasan dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig gà-rìreabh na feumalachd obrach. Bu chòir dha na h-ùghdarrasan riaghailtean neo-chlaon a ghabhail agus a chur an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil fastaidheachd anns gach suidheachadh air a dhèanamh gu cothromach agus gu cunbhalach, agus a rèir nan sgilean ainmichte airson na dreuchd.

Tha Comhairle Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh cudromas a bhith a' faicinn na Gàidhlig mar sgil obrach cudromach agus ann a bhith a' comharrachadh shuidheachaidhean far a bheil a chleachdadh deatamach no miannaichte. Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar cuideachd ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' toirt cothrom do luchd-obrach an sgilean Gàidhlig a leasachadh mas e sin a tha iad ag iarraidh.

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Ionnsachadh Càin					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo bidh Comhairle Dhùn Breatann an Iar a' tabhann seiseanan gus Gàidhlig ionnsachadh dhan luchd-obrach gu lèir ann an com-pàirteachas le GLPS agus e-Sgoil.				
Prìomh raointean	Nì CSDBal sgrùdadh gus dearbhadh cò an luchd-obrach	Cuir crìoch air an sgrùdadh	Fiosrachadh air cò an luchd-obrach aig a	Foghlam	2025

leasachaidh	aig a bheil eòlas no tuigse air Gàidhlig.		bheil eòlas air Gàidhlig.		
	Nì CSDBal sgrùdadh gus dearbhadh cò an luchd-obrach aig a bheil ùidh ann no feum air oideachadh Gàidhlig.	Cuir crìoch air an sgrùdadh	Dàta a' dearbhadh luchd-obrach aig a bheil ùidh ann an trèanadh ann an Gàidhlig.	Foghlam	2025
	Bidh cothroman Ionnsachadh Proifeiseanta rim fiaghinn le luchd-obrach sam bith aig CSDBal a tha ag iarraidh leasachadh a thoirt air an cuid Gàidhlig.	Àrdachadh anns an àireamh de luchd-obrach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig.	Àrdachadh ann an àireamhan luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.	Foghlam	A' leantainn
	Bheir CSDBal fiosrachadh air gach fòram gus e-ionnsachadh a dhèanamh air Gàidhlig, leithid: làraichean Cànanan 1 + 2, Go Gaelic!, Learn Gaelic agus Duolingo.	Àrdachadh a thoirt air àireamhan tadhail Eadra-lìon CSDBal.	Àrdachadh ann an àireamhan luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.	Foghlam	A' leantainn
	Cuiridh CSDBal taic ri luchd-obrach ann an solar seirbheisean agus foghlam Gàidhlig gus an cuid sgilean Gàidhlig a leasachadh.	Tha luchd-obrach CSDBal air an cuideachadh nan slighean ionnsachaidh a thaobh na Gàidhlig.	Seallaidh sgrùdadh bliadhna an t-àrdachadh ann an àireamhan an luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.	Foghlam	2025
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanair	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Trèanadh:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an lar a' brosnachadh Luchd-obrach Foghlaim gus sgilean cànan Gaidhlig a bhrosnachadh.				
Prìomh raointean leasachaidh	Bidh ionnsachadh na Gàidhlig air a thabhann mar phàirt de phrògram CPD do luchd-obrach CSDBal ann an com-pàirteachas le e-Sgoil.	Àrdachadh ann an àireamhan a tha a' faighinn trèanadh ann an Gàidhlig.	Àrdachadh ann an àireamhan Luchd-obrach aig a bheil Gàidhlig.	Foghlam	A' leantainn
	Nì luchd-obrach CSDBal trèanadh gus Bookbug Gàidhlig a libhrigeadh.	Fhuair dithis luchd-obrach CSDBal trèanadh agus tha iad comasach air Bookbug Gàidhlig a libhrigeadh.	Àrdachadh ann an àireamhan chloinne a bhios a' frithealadh seiseanan Bookbug Gàidhlig agus àrdachadh ann an àireamhan de sheiseanan Bookbug Gàidhlig a tha rim faighinn ann an ùghdarras CSDBal.	Leabharlannan agus Seirbheisean Cultarail	A' leantainn
	Cuiridh CSDBal taic ri luchd-obrach gus a dhol gu trèanadh GLPS agus gus cumail a' dol air slighean gu ruige fileantachd sa Ghàidhlig tro e-Sgoil agus An Cùrsa Inntigridh ann an com-pàirteachas le SMO.	Àrdachadh ann an àireamhan de luchd-teagaisg CSDBal aig a bheil Gàidhlig.	Àrdachadh ann an àireamhan luchd-obrach CSDBal aig a bheil Gàidhlig. Àrdachadh anns an àireamh de dh'òigridh a tha ag ionnsachadh	Foghlam	A' leantainn

			na Gàidhlig mar chànan a bharrachd.		
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic	Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire				

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine
Fastadh:					
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo tha trì dreuchdan aig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar far a bheil Gàidhlig riatanach/deatamach taobh a-staigh an tuairsgeul obrach.				
Prìomh raointean leasachaidh	Taobh a-staigh CSDBal dearbhaidh pròifilean obrach iomchaidh dè na feumalachdan a tha riatanach/miannaichte a thaobh na Gàidhlig	Bidh pròifilean obrach air an atharrachadh mar a dh'fheumar.	Àrdachadh ann an àireamh nam pròifilean dreuchda far a bheil Gàidhlig deatamach/miannaichte.	Dàimhean Poblach	A' leantainn
	Leanaidh ròlaichean taobh a-staigh CSDBal a bhith air am measadh a h-uile bliadhna mar riatanach/miannaichte a thaobh na Gàidhlig.	Bidh pròifilean obrach air an atharrachadh mar a dh'fheumar.	Àrdachadh ann an àireamh nam pròifilean dreuchda far a bheil Gàidhlig deatamach/miannaichte.	Dàimhean Poblach	A' leantainn
	Sanasan obrach CDNaI airson dreuchdan sònraichte le Gàidhlig a bheir fiosrachadh air an ìre de dh'fhileantachd ann an Gàidhlig.	Bidh sanasan dreuchda air an atharrachadh mar a dh'fheumar.	Àrdachadh ann an àireamh nam pròifilean dreuchda far a bheil Gàidhlig deatamach/miannaichte.	Dàimhean Poblach	A' leantainn
Relevant Strategic Objectives assisted		Nas Beairtiche & Nas cothromaiche Nas glìce Nas falainne Nas sàbhailte & Nas làidire			

Leasachadh Fuincsean	Gnìomhan	Builean	Coileanadh Taisbeanairean	Stiùireadh Seirbheis	Clàr-ùine	
Sanasachd:						
Cleachdadh gnàthach	A rèir cleachdadh aig an àm seo tha trì dreuchdan aig Comhairle Dhùn Bhreatainn an Iar far a bheil Gàidhlig riatanach/deatamach taobh a-staigh an tuairsgeul obrach.					
Prìomh raointean leasachaidh	Bheir sanasan dreuchda airson dreuchdan/ròlaichean sònraichte Gàidhlig fiosrachadh air an fheum a thaobh fileantachd ann an Gàidhlig agus bidh iad air an sanasachd gu dà-chànanach.	Gus atharrachadh a thoirt air tagraidhean mar a dh'fheumar.	Tha suidheachaidean a tha a' cur feum air sgilean Gàidhlig air am fastadh.	Dàimhean Poblach	2025	
Amasan Ro-innleachdail Buntainneach ris an cuirear taic		Nas Beairtiche & Nas làidire	Nas cothromaiche	Nas glìce	Nas falainne	Nas sàbhailte

Caibideil 3 – BUaidh POILEASaidh AIRSON NA GÀIDHLIG: Cuir an sàs Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Buaidh poileasaidh airson na Gàidhlig

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh gu bheil an iomadh raon prìomhachais a tha air an comharrachadh ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig a bhios air an cur an gnìomh tron Phlana Gàidhlig againn ach gun èirich cothroman gus brosnachadh agus leasachadh a thoirt air a' chànan tro mhodhan poileasaidh a tha ann an-dràsta.

Bheir Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar sùil air dealasan poileasaidh a tha ann aig an àm seo na raointean a chomharrachadh far an urrainnear a bhith gnìomhach ann a bhith a' cur Gàidhlig ann agus na prìomhachasan aig Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chaidh a chur an gnìomh ann an dòighean eile. Tha sinn a' faicinn an leasachaidh seo mar a bhith a' cur ri prionnsapalan àbhaisteachaidh a tha ag amas air Gàidhlig a chur mar phàirt de bheatha làitheil na h-Alba.

Ann a bhith a' cruthachadh, ag ùrachadh agus a' sgrùdadh nam poileasaidhean, nì **Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann** an Iar cinnteach gum bi buaidh air Gàidhlig a' dol a rèir Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Tar-shealladh Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha Plana Nàiseanta na Gàidhlig a' comharrachadh ceithir roinnean eadar-cheangailte de leasachadh cànan ris am feumar dèiligeadh, agus taobh a-staigh nam feadhainn sin a tha a' comharrachadh àireamh de phrìomhachasan ann an raointean gnìomha:

1. Togail Cànan

A' toirt àrdachadh air àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil an cànan air a ghluasad taobh a-staigh theaghlaichean agus le bhith a' faighinn chothroman èifeachdach airson a bhith ag ionnsachadh Gàidhlig, tro bhith:

- a' toirt àrdachadh air cleachdadh agus sgaoileadh Gàidhlig san dachaigh agus tràth-bhliadhnaichean
- a' toirt àrdachadh air an àireamh de chloinn agus de luchd-obrach a tha a' togail Gàidhlig ann an sgoiltean
- a' toirt àrdachadh air na tha ri fhaighinn de fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig
- a' toirt àrdachadh air an àireamh de luchd-ionnsachaidh inbheach Gàidhlig a tha a' dol air adhart gu fileantas

2. Cleachdadh Cànan

A' brosnachadh barrachd cleachdadh de Ghàidhlig, a' toirt chrothroman gus an cànan a chleachdadh, agus a bhith a' brosnachadh ruigsinneachd gu modhan cur an cèill tro bhith:

- a' toirt àrdachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan
- a' toirt àrdachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann am foghlam treas-ìre agus àiteachan obrach
- a' toirt àrdachadh air suidheachadh na Gàidhlig anns na meadhanan
- a' toirt àrdachadh air Gàidhlig anns na h-ealainean
- a' toirt àrdachadh air ìomhaigh na Gàidhlig ann an roinnean turasachd, dualchas agus cur-seachad

3. Inbhe Cànan

A' toirt àrdachadh air faicsinneachd agus claisneachd na Gàidhlig, a' brosnachadh aithne oirre agus a' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach airson na Gàidhlig ann am beatha poblach na h-Alba, tro bhith:

- a' toirt àrdachadh air an àireamh de bhuidhnean poblach a bhios ag ullachadh Plana Gàidhlig
- a' toirt àrdachadh air pròifil agus inbhe na Gàidhlig
- a' toirt àrdachadh air faicsinneachd agus aithne na Gàidhlig

4. Corpas Cànan

A' neartachadh buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh sa chànan, tro bhith:

- a' toirt àrdachadh air buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig
- a' toirt àrdachadh air càileachd agus ruigsinneachd eadar-theangachaidhean Gàidhlig
- a' toirt àrdachadh air na tha ri fhaighinn do dh'fhiosrachadh rannsachaidh a tha ceart

Dealas ri Amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig

Tha dealas aig **Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann** an lár gus dèanamh cinnteach gu bheil am Plana Nàiseanta air a chur an gnìomh, agus anns an earrann seo tha sinn a' mìneachadh mar a choileanas sinn an t-amas sin.

1. Togail Cànain

Adhbhar:

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatainn an lár ag aithneachadh gu bheil àm ri teachd a tha seasamhach dhan Ghàidhlig a' cur feum air barrachd dhaoine a bhith ag ionnsachadh a' chàin agus gu bheil feum air barrachd aire ga chur air an dachaigh, foghlam agus ionnsachadh inbheach mar phrìomh dhòigh air seo a dhèanamh. Gabhaidh sinn na ceuman a leanas gus àrainneachd chruthachail a chruthachadh airson àrdachadh a thoirt air luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba.

Gàidhlig anns an Dachaigh anns na Tràth-bhliadhnaichean –

Tha Comhairle Dhùn Breatann an lár ag aithneachadh gu bheil feum air iomadh modh agus gum feum iad a bhith air an dèanamh seasamhach aig gach aois agus gach ìre, gus àrdachadh a thoirt air àireamhan coimhearsnachd na Gàidhlig..

Gnìomh	Clàr-ùine	Stiùir Roinn
Bheir CDNaI cruinneachadh de leabhraichean Gàidhlig agus meadhanan ann an leabharlannan poblach.	2023	Leabharlannan agus Seirbheisean Cultarail
Bheir CSDBal seiseanan Bookbug Gàidhlig	2020 agus na dhèidh	Leabharlannan agus Seirbheisean Cultarail
Stèidhichidh CSDBal Pàrant is Pàiste	2020 agus na dhèidh	Foghlam
Leasaichidh CSDBal goireasan Gàidhlig air-loidhne tro iomadh meadhan m.e. làrach-lìn a' phobaill aig Cdal, Facebook, Twitter.	2020 agus na dhèidh	Foghlam
Stèidhichidh CSDBal Là Gàidhlig bliadhnail	2020 agus na dhèidh	Foghlam
Stèidhichidh CSDBal Seisean Ealain agus Teaghlach Gàidhlig air Disathairne, Peant agus Patter.	2020 agus na dhèidh	Foghlam
Obraichidh Oifigear Leasachaidh Gàidhlig CSDBal ann an com-pàirteachas le Bookbug Gàidhlig gus coinneachadh ri pàrantan agus ri cloinn le miannan Gàidhlig ionnsachadh.	2020 agus na dhèidh	Foghlam

<p>Obraichidh Oifigear Leasachaidh Gàidhlig CSDBal ann an com-pàirteachas le Fèisean nan Gàidheal agus Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar gus taic agus brosnachadh a thoirt.</p> <p>Cothroman air cànan agus cultar na Gàidhlig taobh a-staigh an Ùghdarrais.</p>	<p>2020 agus na dhèidh</p>	<p>Foghlam</p>
---	----------------------------	----------------

Gàidhlig ann am Foghlam –

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar ag aithneachadh gu bheil a bhith a' cruthachadh àm ri teachd a tha seasmhach dhan Ghàidhlig a' cur feum air àrdachadh ann an cothroman ionnsachaidh gus cànan agus cultar na Gàidhlig ionnsachadh.

Gnìomh	Clàr-ùine	Stiùir Seirbheis
<p>Tràth-bhliadhnaichean –</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bheir CSDBal solar de sheiseanan Bookbug Gàidhlig. • Bheir CSDBal solar de Phàrant is Pàiste. • Bheir CSDBal trèanadh ann an com-pàirteachas le GLPS airson Luchd-obrach nan Tràth-bhliadhnaichean. 	<p>2020 agus na dhèidh</p>	<p>Foghlam</p>
<p>Foghlam Farsaing Coitcheann –</p> <ul style="list-style-type: none"> • Bheir CSDBal còmh-dhail do 18 sgoilear a tha a' dol gu FtMG ann an Sgoil Ghàidhlig Ghlaschu. • Bheir CSDBal cothrom do luchd-teagaisg bunsgoile gus trèanadh GLPS fhaighinn. • Leasaichidh CSDBal goireasan gus ionnsachadh agus Teagasg cànan agus cultar na Gàidhlig a leasachadh. • Bheir CSDBal cothroman Leasachadh Proifeiseanta ann an Gàidhlig. • Cuiridh CSDBal Là na Gàidhlig Bliadhnail air dòigh. • Cuiridh CSDBal seisean ionnsachadh teaghlaich seachdaineil, Peant agus Patter, air dòigh. • Stèidhichidh CSDBal còisir Ghàidhlig Bunsgoile. • Stèidhichidh CSDBal dà chlub an dèidh na sgoile airson ionnsachadh teaghlaich Gàidhlig ann an dà bhunsgoil gus Gàidhlig a thoirt dhan dachaigh acasan a tha ag 	<p>2020 agus na dhèidh</p>	<p>Foghlam</p>

<p>ionnsachadh Gàidhlig.</p> <ul style="list-style-type: none"> • Rannsaichidh CSDBal ceanglaichean le e-Sgoil gus cothroman Gàidhlig ionnsachadh a stèidheachadh. 		
<p>Ìre Àrd na Sgoile –</p> <ul style="list-style-type: none"> • Leasaichidh CSDBal dà chùrsa aig Ìre Àrd na sgoile anns a bheil eileamaidean Gàidhlig far a bheil daoine òga ag ionnsachadh Gàidhlig agus a’ cleachdadh nan cànanan seo ann an greisean eòlas-obrach FtMG; <ul style="list-style-type: none"> - Duais Crann h-Alba tro Chànanan - SQA Award in Volunteering Level 3 • Ann an com-pàirteachas le Ùghdarrasan eile a tha faisg, bidh òigiridh CSDBal a’ cur eòlas air Gàidhlig san àite-obrach mar phàirt dhen chùrsa aca air Ìrean Àrda na sgoile. • Nì CSDBal sgrùdadh air ceanglaichean a dhèanamh le e-Sgoil gus cothroman Gàidhlig ionnsachadh a stèidheachadh. 	<p>2020 agus na dhèidh</p>	<p>Foghlam</p>
<p>Ionnsachadh Inbheach –</p> <ul style="list-style-type: none"> • Cuiridh CSDBal leabhraichean Gàidhlig agus meadhanan taobh a-staigh gach leabharlann. • Obraichidh CSDBal ann an com-pàirteachas le Fèis Dhùn Bhreatainn gus taic agus brosnachadh a thoirt do chothroman cànan agus cultar na Gàidhlig. 	<p>2020 agus na dhèidh</p>	<p>Foghlam CCC</p>

2. Cleachdadh Cànan

Adhbhar:

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Breatainn an lár ag aithneachadh gu bheil a bhith a' cruthachadh àm ri teachd a tha seasmhach dhan Ghàidhlig an urra ri, chan e a-mhàin a bhith ag àrdachadh àireamhan nan daoine aig a bheil comas air Gàidhlig a bhruidhinn, ach a bhith a' toirt àrdachadh air cleachdadh. Tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' leigeil le daoine a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig mar mhodh conaltraidh miannaichte ann an farsaingeachd de ghniomhan làitheil.

- Gàidhlig ann an Coimhearsnachdan
- Gàidhlig san Àite-obrach
- Gàidhlig sna Meadhanan
- Gàidhlig anns na h-Ealainean
- Gàidhlig ann an Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan

Gnìomh	Clàr-ùine	Stiùir Seirbheis
Gàidhlig sna Coimhearsnachdan – <ul style="list-style-type: none">• Bheir CSDBal goireasan air dòigh airson leabharlannan poblach agus ann an leabharlannan sgoiltean.	2020	CCC
Gàidhlig san Àite-obrach – <ul style="list-style-type: none">• Bheir CSDBal cothrom do gach neach-obrach cànan agus cultar na Gàidhlig ionnsachadh.	2020 agus na dhèidh	Foghlam
Gàidhlig sna Meadhanan – <ul style="list-style-type: none">• Obraichidh CSDBal ann an com-pàirteachas le meadhanan ionadail gus tachartasan cànan agus cultarail Gàidhlig a chomharrachadh.• Obraichidh CSDBal ann an com-pàirteachas le meadhanan nàiseanta m.e. BBCAlba agus Radio nan Gàidheal gus tachartasan cànan agus cultarail Gàidhlig a chomharrachadh.• Cruthaichidh CSDBal goireasan Gàidhlig tro làrach-lìn phoblach Gàidhlig, duilleag Facebook agus Twitter.• Nì CSDBal aithris air tachartasan sònraichte ann an Gàidhlig agus ann am	2020 agus na dhèidh	Foghlam

<p>Beurla gus co-ionannachd spèis a nochdadh.</p> <ul style="list-style-type: none"> • WDC will promote Gaelic partners such as: Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant and Fèisean nan Gàidheal. 		
<p>Gàidhlig anns na h-Ealainean, Turasachd, Dualchas agus Cur-seachadan –</p> <ul style="list-style-type: none"> • Nì CSDBal cinnteach gu bheil cruinneachaidhean Gàidhlig ann an leabharlannan poblach an-asgaidh, in-ghabhaltach agus làn ruigsinneach do bhuill a' phobaill. • Obraichidh CSDBal ann an com-pàirteachas le Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar gus taic agus brosnachadh a thoirt do chothroman cànan agus cultair taobh a-staigh an Ùghdarrais. • Tron phrògram ùrachaidh nì CSDBal cinnteach gum bi soighnichean dà-chànanach air taobh a-muigh togalaichean ùra na comhairle. • Bheir CSDBal soighnichean 'Slighe a-steach' air rathaidean gu Siorrachd Dhùn Bhreatainn an Iar. • Nì CSDBal cinnteach gum bi cànan agus cultar na Gàidhlig gach bliadhna ann an Fèis Fhaclan bhliadhnail 'BOOKED' aig Siorrachd Dhùn Bhreatainn. • Obraichidh CSDBal le com-pàirtichean ionadail agus nàiseanta gus sgrùdadh a dhèanamh air cleachdadh na Gàidhlig gus leasachadh turasachd agus cultarail a bhrosnachadh, a rèir Ro-innleachd Turasachd Gàidhlig na h-Alba. 	<p>2020 agus na dhèidh</p>	<p>Libraries and Cultural Services</p> <p>Foghlam</p>

3. Inbhe Cànan

Adhbhar:

Tha Comhairle Siorrachd Dhùn Bhreatann an lar ag aithneachadh gu bheil inbhe a' chànan a' faighinn buaidh bho a shuidheachadh anns an àrainneachd làitheil agus an ìre gu bheil i air a cleachdadh, luach air a chur innte agus luach air a shaoilsinn innte mar phàirt chudromach de ar beatha làitheil.

- Cruthachadh Plana Cànan
- A' cruthachadh ìomhaigh dheimhinneach airson na Gàidhlig
- Ag àrdachadh faicsinneachd na Gàidhlig

Gnìomh	Clàr-ùine	Stiùir Seirbheis
Ullachadh Plana Cànan – <ul style="list-style-type: none">• Rannsaichidh agus cruthaichidh CSDBal plana.• Bidh Plana Gàidhlig CSDBal fosgailte do cho-chomhairleachadh poblach.• Nì CSDBal atharrachadh air a' Phlana Gàidhlig a rèir beachdan an t-sluaigh.• Bidh Plana Gàidhlig CSDBal air aontachadh leis a' Chomhairle.• Bidh Plana Gàidhlig CSDBal air aontachadh le Bòrd na Gàidhlig.	2020	Foghlam
A' Cruthachadh Ìomhaigh Dheimhinneach airson na Gàidhlig – <ul style="list-style-type: none">• Nì CSDBal cinnteach gu bheil soirbheachasan Gàidhlig air an comharrachadh tro;<ul style="list-style-type: none">- Làrach-lìn CSDBal- Facebook- Twitter- Pàipearan-naidheachd Ionadail- Rèidio- Fòraman Conaltraidh na Comhairle, leithid Litrichean-naidheachd.	2020 and thereafter	Foghlam CCC
Àrdachadh air Faicsinneachd na Gàidhlig – <ul style="list-style-type: none">• Bidh fiosrachadh air foghlam Gàidhlig air aithris fo earrann 'Sgoiltean' air làrach-lìn CSDBal.• Bidh ceanglaichean ri stèidhean air-loidhne CSDBal air am brosnachadh air làrach-lìn CSDBal.	2021	Foghlam CCC

4. Corpas Cànan

Adhbhar:

Tha Comhairle Dhùn Bhreatainn an lar ag aithneachadh an fheum airson neartachadh a thoirt air buntainneachd agus cunbhalachd na Gàidhlig, cudromachd a bhith a' toirt seirbheisean eadar-theangachaidh Gàidhlig agus a bhith a' brosnachadh rannsachadh sa chànan.

- Leasachadh Gnàth-sgrìobhadh, Teirmean agus Ainmean-àite na Gàidhlig.
- Eadar-theangachadh agus Eadar-mhìneachadh Gàidhlig
- Gàidhlig ann an Suirbhidhean agus Rannsachadh

Gnìomh	Clàr-ùine	Stiùir Seirbheis
Leasachadh Gnàth-sgrìobhadh, Teirmean agus Ainmean-àite na Gàidhlig – <ul style="list-style-type: none">• Obraichidh CSDBal ann an com-pàirteachas le Bòrd na Gàidhlig agus buidhnean iomchaidh eile gus neartachadh a thoirt air buntainneachd agus cunbhalachd Gàidhlig ann an leasachadh ainmean-àite.• Cuiridh CSDBal dealas an sàs a thaobh a bhith a' cleachdadh Modhan Gnàth-sgrìobhaidh na Gàidhlig agus Ainmean Àite na h-Alba airson comhairle air ainmean-àite.	A' leantainn	Foghlam
Eadar-theangachadh agus Eadar-mhìneachadh Gàidhlig – <ul style="list-style-type: none">• Tairgsidh agus bheir CSDBal seirbheisean eadar-theangachaidh agus eadar-mhìneachaidh.	A' leantainn	Foghlam
Gàidhlig ann an Suirbhidhean agus Rannsachadh – <ul style="list-style-type: none">• Cuiridh CSDBal Gàidhlig ann an suirbhidhean agus ann an rannsachadh a nì e.	2025	Foghlam

CAIBIDEIL 4 – CUR AN GNÌOMH AGUS SGRÙDADH

Clàr-ama

Bidh am Plana Gàidhlig an gnìomh airson 5 bliadhna bhon cheann-latha seo no gus am bi plana ùr air a chur an sàs. Ann an Caibideil 2 – Prìomh Dhealasan agus Caibideil 3 – Buaidhean Poileasaidh airson na Gàidhlig, tha sinn air cinn-latha targaid fa-leth a chomharrachadh far am bi dùil againn dealasan sònraichte a chur an sàs.

A' Foillseachadh a' Phlana

Bidh Plana Gàidhlig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air fhoillseachadh gu dà-chànanach air làrach-lìn Siorrachd Dhùn Breatann. Cho math ri sin, nì sinn na leanas:

- Cuirear a-mach brath-naidheachd ag innse mun phlana;
- Bidh leth-bhreacan dhen phlana rim faighinn anns na h-oifisean poblach againn agus ann an àiteachan fàilteachais;
- Bheirear fios mun phlana do luchd-obrach air Eadra-lìon Shiorrachd Dhùn Breatann an Iar;
- Sgaoilear leth-bhreacan dhen phlana gu buidhnean poblach neo-roinneil, àidseantan agus luchd-cùnnraidh;
- Sgaoilear leth-bhreacan dhen phlana gu buidhnean Gàidhlig;
- Sgaoilear leth-bhreacan dhen phlana gu buidhnean aig am biodh ùigh ann;
- Bheirear leth-bhreacan nuair a thèid an iarraidh;
- Co-roinnear e air na Meadhanan Sòisealta.

Modhan Rianachd airson Cur an Gnìomh a' Phlana Gàidhlig

Is e am plana seo am poileasaidh aig Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar agus tha e air a bhith air gabhail ris an dà chuid le ar n-àrd-sgioba-stiùiridh agus le buill na Comhairle.

Dleastanas Uile gu Lèir:

Bidh e an urra ri Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar a bhith a' dèanamh cinnteach gum bi a' Chomhairle a' coileanadh nan dealasan a tha air am mìneachadh sa Phlana seo.

Luchd-obrach Fa-leth:

Gheibh an luchd-obrach gu lèir fiosrachadh air na tha anns a' phlana seo. Bidh dleastanasan sònraichte air cuid de dh'oifigearan, mar a tha air a mhìneachadh sa phlana. Bidh planaichean feabhasachd, aithrisean adhartais air an cur a-steach do Chomataidh Seirbheisean Foghlam na Comhairle agus dhan làn Chomhairle.

Seirbheisean air an libhrigeadh le treas phàrtaidhean:

Bidh gach buidheann treas phàrtaidh a bhios a' libhrigeadh sheirbheisean às leth Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar air an comhairleachadh air na dealasan taobh a-staigh a' Phlana Gàidhlig seo.

A' toirt fiosrachadh do bhuidhnean eile mun Phlana

Bidh fiosrachadh air na tha sa phlana seo air a thoirt do gach Com-pàirteachas Plànadh Coimhearsnachd thar Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar. Bidh cuideachd cothrom air fhaighinn a thoirt do Chomhairlean Coimhearsnachd, buidhnean co-ionannachd agus buidhnean eile mar as iomchaidh.

A' Maoineachadh a' Phlana

Bidh gach gnìomh sa phlana air am maoineachadh tro bhuidheatan buntainneach a tha ann cheana aig an t-seirbheis a tha an urra riutha. Bidh maoineachadh a bharrachd do phròiseactan sònraichte air am faighinn tro bhuidhnean maoineachaidh bhon taobh a-muigh mar as iomchaidh.

A' Sgrùdadh Cur an Gnìomh a' Phlana

Bidh am plana air a sgrùdadh gach bliadhna le aithisg adhartais gu Comataidh an Fhoghlaim, chun na làn Chomhairle agus gu Bòrd na Gàidhlig. An dèidh sin, bidh an aithisg ri faighinn dhan pohball air làrach-lìn na comhairle.

Cuir fios

'S i an t-àrd-oifigear le dleastanas gnìomhach airson a bhith os cionn ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Siorrachd Dhùn Breatann an Iar:

Laura Mason
Àrd-oifigear Foghlaim, Foghlam, Ionnsachadh & Coileanadh,
Roinn an Fhoghlaim
Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar
16 Sràid na h-Eaglaise
Dun Breatann
Siorrachd Dhùn Breatann
G82 1QL

Tel: 013897377304

Post-d: Laura.mason@west-dunbarton.gov.uk

Bu chòir ceistean mu ghnìomhan làitheil a' phlanan a bhith air an cur gu:

Mhairi McCarte
Oifigear Leasachaidh Gàidhlig
Roinn an Fhoghlaim
Ciomhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar
Àrd-sgoil St. Peter the Apostle
Kirkoswald Dr.
Drumry
Bruach Chluaidh
Siorrachd Dhùn Breatann an Iar
G81 2DB

Tel: 0141 533 3100

Post-d: mhairi.mccarte@west-dunbarton.gov.uk

Tha an sgrìobhainn seo cuideachd ri faighinn ann an cànanan eile, clò mòr agus ann an cruth labhairte an dèidh iarrtas.

Gàidhlig

Tha am fiosrachadh seo ri fhaighinn ann an Gàidhlig.

Arabais

هذه الوثيقة متاحة أيضا بلغات أخرى والأحرف الطباعية الكبيرة وبطريقة سمعية عند الطلب.

Hindi

अनुरोध पर यह दस्तावेज़ अन्य भाषाओं में, बड़े अक्षरों की छपाई और सुनने वाले माध्यम पर भी उपलब्ध है

Punjabi

ਇਹ ਦਸਤਾਵੇਜ਼ ਹੋਰ ਭਾਸ਼ਾਵਾਂ ਵਿਚ, ਵੱਡੇ ਅੱਖਰਾਂ ਵਿਚ ਅਤੇ ਆਡੀਓ ਟੇਪ 'ਤੇ ਰਿਕਾਰਡ ਹੋਇਆ ਵੀ ਮੰਗ ਕੇ ਲਿਆ ਜਾ ਸਕਦਾ ਹੈ।

Urdu

درخواست پر یہ دستاویز دیگر زبانوں میں، بڑے حروف کی چھپائی اور سننے والے ذرائع پر بھی میسر ہے۔

Sionais (Cantonese)

本文件也可應要求，製作成其他語文或特大字體版本，也可製作成錄音帶。

Pòlais

Dokument ten jest na życzenie udostępniany także w innych wersjach językowych, w dużym druku lub w formie audio.

Cànan Soighnidh Bhreatainn

thugainn tro contactSCOTLAND-BSL, an t-seirbheis eadar-mhìneachaidh air-loidhne airson Cànan Soighnidh Bhreatainn..

Faigh barrachd fiosrachaidh air làrach-lìn contactSCOTLAND

☎ 01389 737527

✉ West Dunbartonshire Council, Council Offices, Garshake Road, Dumbarton, G82 3PU Comhairle Siorrachd Dhùn Breatann an Iar, Oifisean na Comhairle, 16 Sràid na h-Eaglaise Dùn Breatann, G82 1QL

💻 communications@west-dunbarton.gov.uk